


NATIONAL  
LIBRARY  
OF SCOTLAND



15  
18  
63  
64  
19

# Cumbadh

DO

## Dh' Iarla Earraghaidhail.

Cuir a China dilis, tharum do lamh.



Printed for and Sold by the Publisher, Inverary.



*Cumbadh do Ghileaspaig Caimbeul, Iarl' Earra-  
ghaidheal, a chùaidhedhith-cheannadh ann Dìne-  
dean am bliadhna ar Tighearna 1685. Leis an  
Aos-dana.*

MAC ITHICH.

**T**HA sgeul agam dhuibh re innse,  
'S cha chuis ghaire,  
Gu'n d' chuireadh ceann taice nan Gàidheal,  
Ann staid iosail.

Co chumas còir ris an anfhann,  
'S è na chruadhaig,  
No chumas casg air gach ana-gna,  
Tha teachd nuadh òrinn.

Co chumas còir ris an Eaglais,  
Dh' fhas i dorcha,  
No chumas a suas luchd teagaisg,  
Ris na borbadh.

Co chumas an creideamh cathara,  
Suas gu treorach,  
'S nach d' fhuair Gileaspaig ceud èisteachd,  
Ann taic corach.

Co chumas taigheadas greadhnach,  
 Gu buan faoilidh,  
 'S nach taghail an t Iarla Duibhneach,  
 'S an dùn-aorach.

Roghuin nan Albanach uile,  
 Do'n àrd fhine,  
 A dhaoine nam biodh speis do dhuine  
 Bu bhèud a mhilleadh.

Iarla duais-mhor Earraghaidheal,  
 Garg an Leoghan,  
 Bu mhor an croidhe dh' fhearabh Albann,  
 Fhuil a dhortadh.

Dhaoine ge do fhuair sibh àite,  
 Os ceann Cùirte,  
 'S olc a chuir sibh gliocas Alba,  
 Gu sùrd mhilte.

Ge do strachd sibh coir gun cheartas,  
 'N taichd bhur mio-ruin,  
 Theaga gun tig la nach fhasadh,  
 Dhuibh da dhioladh.

Fhuair an fhuill uasal a cèusadh,  
 Mar fhuair Iosa.  
 Ge nach coimeas sud ri chèile,  
 Feudar innse.

Mo thruaighe 'nochd go luchd leanmhuinn,  
 'S faoin an seasadh,

Tha gach duin' aig gabhail gèill dhiu'  
Dh'èug Gilcaspaid.

Dh'èug an tuigse, dh'èug an aithne,  
Dh'èug an ceannsal,  
Dh'èug an crann dlitheach treun talmhaidh,  
Dh'èug an ceann-math.

Beannachd le t' anum am pharais,  
'S fiach do chuimhne,  
Gu 'n togbhadh Dia suas bhur n-Alach,  
A Dhream Dhuibhneach.

Dhream bheadarach, bhuaghach, bhàghach,  
Mheadhrach, mhuirneach,  
A labhradh gu foistineach, fir-ghlic,  
Brìgh gach cùise.

Sud a chlann is uaisle fineadh,  
Nan stèud mearadh,  
Rè-bhearteach an iùl sa'n Aithne,  
Chlann ud uile.

Ge b'e dh' aithrise mo sheanachas,  
Le mion chuimhne  
Co's mò tuigs air dhruim talmhuinn.  
No clann Dhuibhneach.

Blàth a dh' fhas os ceann gach fine,  
Gnìomh gun ghainne,  
Ceann cèille, clèir agus sgoile,  
An Leibhidh uile.

'S ioma Leoghann us Triath duineil,  
 A's ceann buidhne,  
 Do 'n t sliochd Iarlail tha shliochd Dhiarmaid,  
 Mhic o Duibhne.

O Dhiarmaid a thainig sibh uile,  
 Sean am fineadh,  
 Clann a b' fhearr a b' fhiach a mholadh,  
 Chualadh sinne.

'S io mad croidhe bras tha brònach,  
 Rosg thad dèurach,  
 Luchd oifig 's am bos ri bualadh,  
 Tha 'n creach deante.

'S iomad Bruth solaist fui' thursa,  
 Air dreach meirgte,  
 Mnaidhe ghreanta gun ghean gun ghaire,  
 A caoidhe fui' throm-a-chradh.

Bhàsaich luchd ciuil gu buileach,  
 Co nè 'n cumail,  
 Cha n'eil sta dhuinn bhi' ri forrus,  
 Chaidh 'n taom thairis.

'S fuathasach à ghaoth so thàinig,  
 Ghluais i 'n fhiùdhidh,  
 Dh' fhuadaich i na h eoin le stoirm ghàbhaidh,  
 O'n choill chaomhaidh.

Ach tigfidh na h eoin uiscil aillidh,  
 Da 'n coill chòmhnaidh,

Gu 'n togaidh Dia suas bhar 'n aireamh,  
Ann staid naomha.

'S cruaidh an càs sibh 'shearg gun chionta,  
Seòid bu phailte,  
'S nach d' fhuaradh aobhar 'n ar n-aghaidh,  
Ach mead bhur tuigse.

Thàinig braidheagh oirbh gun fhios duibh,  
Leom is duilich,  
Ma dh'fhalbhas a chlann so buileach,  
Smairg a' dh' fhuirich.

Cuiribhs bhur dochas 'san Ard riogh,  
A chlann chèillidh,  
'S è sud am breithe gun fhallsa,  
Nach dean ea-còir.

An tì chruthaich sibh an toiseach,  
'N staid cheudfaich,  
Tha e fathast dhuibh cho-ghras-mhor,  
'S a bha chèad uair.

'S iomad Márcaich luthor làidir,  
Thuit gu h'ìosal,  
'S a dh'eirich gu sochdair sàbhailt,  
Suas na dhiolaid.

Mar stiùir Maois a chabhlach lìon-mhor,  
'S iad na'n eiginn,  
A mhac-samhail gun tarla dhuibhsè,  
Ri uair feuma.



Ri h uair feuma tha Dia neartmhor,  
Ceann gach cuise,  
Dheanadh d' ar Naimhde treuna,  
Càirdean ciuine.

---

*CUIR a Chinn dilis, tharum do Lamb*

CHA b e tinneas an fheachda,  
San mhadain so bhuaill mi,  
Ach acad ro bhuan,  
Nach legghis gu bràch,  
Sealladh air faiche,  
Do shlait do'n tè uasail,  
Moch-thra diluain,  
'S mi aig amharc an là.

Rinn deisid a pearsuin,  
Nach facas a tuairmas,  
Aig iomachd fo'n chuach-chùl  
Chamagach thlà,  
Rinn dealradh a maise,  
Agus-lasadh a gruidhean,  
Mise a ghrad bhualadh,  
Thàiris gu làr.

Ach dh eirich mi rithist,  
Le croidhe lan uaibhir.  
'S dh' imich mì ru'ar,  
Ruidh na dail,

Ga h'iadhagh am ghlacabh,  
 Thug i smachd orm uaithe,  
 Ochòin 's truagh,  
 A mheath i mo chàil.

Do dhearc-shuilean glana,  
 Fuidh an mhalaidh gun ghruaman;  
 'S daingean a bhuaill iad,  
 Mise le d ghradh,  
 Do ròs-bheul tana,  
 Seimh farasta suairce,  
 Claothaichear m uaigh,  
 Mar glac u mo lamh.

Tàr 's fuasgail air m anam,  
 'O n cheanga is cruaidhe,  
 Cuimhnich air tuaisle,  
 'S cobhair mo chàs,  
 Na bithimse 'm thrail duit,  
 Gu brach 'o n aon uair so,  
 Ach tiomaich o chruas,  
 Do chroidhe gu tlàs.

Cha n f haodar leom cadal,  
 Air leabaidh n uaigneas,  
 'S m aigne ga bhuaireadh,  
 Dh oiche 's do la,  
 Ach ainnir 's binne,  
 'S as grinne 's as sùairce,  
 Gabhsa dhìom truas,  
 'S bithimse slan.

FINIS.



